

Cuspair Clàir-ghnothaich	6
Àir. Aithisge	G/2/23

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 30 Màrt 2023

Tìotal Aithisge: Aithisg Adhartais Plana na Gàidhlig 4 –
Plana Co-chomhairleachaidh agus Conaltraidh

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus
Riaghlachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 'S e prìomh adhbhar na h-aithisge fios a thoirt do Bhuill mu phlanaichean airson Plana na Gàidhlig 4 (PnG4) fhoillseachadh agus an co-chomhairleachadh poblach a tha co-cheangailte ris.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

i. toirt fa-near dhan aithisg.

3. Buaidhean

3.1 Goireas – Thèid maoineachadh airson PnG4 a bhuileachadh a shireadh tro Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle na Gàidhealtachd.

3.2 Laghail – Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd gum bi Plana Gàidhlig aontaichte aice a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Earrann 3(6) de dh'Achd 2005 cuideachd a' mìneachadh gu bheil e mar riatanas air ùghdarrasan poblach co-chomhairleachadh a chumail le daoine a tha a' nochdadh ùidh a thaobh dreachd PnG4.

3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean) – Tha fòcas làidir coimhearsnachd aig buileachadh PnG4 air feadh na Gàidhealtachd air sgàth nan tachartasan, an taic is an leasachadh coimhearsnachd a thathar a' toirt seachad ann an coimhearsnachdan tro obair Sgioba na Gàidhlig.

3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach – Tha Sgioba na Gàidhlig a' dèanamh feum cho math 's a ghabhas de theicneòlas airson ceangal a thogail le co-obraichean

is le buidhnean air an taobh a-muigh gus còmhdhail a lùghdachadh. Tha an co-chomhairleachadh poblach airson PnG4 air a bhith a' gabhail a-steach thachartasan aghaidh-ri-aghaidh anns a' Ghearasdan, Port Rìgh agus Inbhir Nis. Thathar a' dèanamh mòran dhen cho-chomhairleachadh air-loidhne airson còmhdhail a lùghdachadh.

- 3.5 Cunnart – Chan eil cunnartasan sam bith a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.
- 3.6 Gàidhlig – Tha buaidhean fìor mhath air gleidheadh is leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig thar nan roinnean is nam buidhnean-aoise uile, agus tha i cuideachd a' neartachadh luach sòisealta is eaconamach na Gàidhlig is a cultair co-cheangailte.

4. Plana na Gàidhlig 4

- 4.1 'S e ùrachadh a th' ann am PnG4 de na trì dreachdan mu dheireadh de na planaichean Gàidhlig a bha air an solarachadh is air am buileachadh le Comhairle na Gàidhealtachd. Tha PnG4 a' togail air an obair a rinneadh roimhe airson cur ris an dà àrd-amas a th' ann an dreachd Plana Nàiseanta na Gàidhlig:

- Cuir ri cleachdadh na Gàidhlig
- Cuir ri ionnsachadh na Gàidhlig

Gheibhear dreachd PnG4 [an seo](#).

- 4.2 Tha structar PnG4 a rèir dreachd Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023–28, anns a bheil na ceithir cuspairean a leanas:
 - Coimhearsnachdan agus Dachaigh;
 - Meadhanan, Ealainean, Cultar agus Dualchas;
 - Gnìomhachas agus an Eaconamaidh;
 - Foghlam.

Gheibhear geàrr-chunntas dhen Phlana ann an **Eàrr-ràdh 1**.

5. Co-chomhairleachadh airson Plana na Gàidhlig 4

- 5.1 Thòisich an co-chomhairleachadh poblach airson PnG4 air 10 Màrt agus dùinidh e air 21 Giblean. Thèid am Plana deireannach a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig tràth san Ògmhios.

Thèid trì tachartasan a chumail – ann an Inbhir Nis, ann am Port Rìgh agus sa Ghearasdan – far am faod daoine tadhal a-staigh, ach nithear a' mhòr-chuid dhen cho-chomhairleachadh air-loidhne. Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' faighinn taic bho Astar Media gus na tachartasan seo a chur air dòigh.

Thathar ag iarraidh air a' phoball na freagairtean aca a chur a-steach a' cleachdadh foirm an t-suirbhìdh a gheibhear air [làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd](#)

Chaidh [sgrìobhainn stiùiridh do thidsearan](#) a chruthachadh cuideachd airson freagairtean co-chomhairleachaidh a chruinneachadh bho sgoilearan. Chaidh seo a sgoileadh gu sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd. Chithear seo ann an **Eàrr-ràdh 2**.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha: 17 Gearran 2023

Ùghdar: Eoina Rodgers

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: Dreachd PnG4 agus Plana a' Cho-chomhairleachaidh Phoblaich

Dreachd Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd – Foir-shealladh

'S e seo ceathramh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd, air ullachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha an dreachd Plana Gàidhlig a' còmhachadh còig bliadhna bho 2023 gu 2028 agus a' togail air an adhartas a rinneadh leis na trì planaichean roimhe.

Tha an dreachd Plana Gàidhlig a' leantainn cruth dreachd Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023–28, a tha a' gabhail a-steach nan ceithir cuspairean a leanas:

1. Coimhearsnachdan agus Dachaigh
2. Meadhanan, Ealainean, Cultar agus Dualchas
3. Gnìomhachas agus an Eaconamaidh
4. Foghlam


Tha Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle na Gàidhealtachd air obrachadh còmhla gus seata de Phrìomhachasan Ro-innleachdail a chur air dòigh a leasaicheas am Plana agus a bheir tuilleadh fais air cleachdadh na Gàidhlig agus ionnsachadh na Gàidhlig.

Tha na Prìomhachasan Ro-innleachdail a' cumail fòcas air mar a chuireas Comhairle na Gàidhealtachd air adhart amasan dreachd Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha iad seo stèidhichte air na h-àrd-amasan a thug Bòrd na Gàidhlig do Chomhairle na Gàidhealtachd, agus na gealltanasan aca, mar a thathar a' mìneachadh san dreachd Phlana Nàiseanta.

Tha an dreachd Plana Gàidhlig a' toirt cunntas air mar a thèid gach Prìomhachas Ro-innleachdail a libhrigeadh, agus a' comharrachadh nan gnìomhan a tha a dhìth gus an toirt gu buil.

Tha earrann mu Amasan na Seirbheise Corporra cuideachd san dreachd Phlana Ghàidhlig. Thèid na h-amasan seo a chleachdadh gus prìomh sheirbheisean Gàidhlig a dhèanamh cunbhalach is àbhaisteach thar seirbheisean na Comhairle tro bheatha a' Phlana.

Dreachd Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd – Prìomhachasan Ro-innleachdail



Sgrìobhainn Stiùiridh do Thidsearan – Pròiseact Guth Gàidhlig nan Sgoilear



The Highland Council's draft Gaelic Language Plan 2023-2028 Gaelic Pupil Voice Project



Teacher Guidance Document

Background - The Highland Council's Gaelic Language Plan 2023-2028

The Highland Council is currently accepting responses from the public on their draft Gaelic Language Plan 2023-2028. The consultation will be open until the 21st of April 2023. Pupil Voice is very important to The Highland Council and we are seeking views in relation to Gaelic, education and culture. Any feedback or comments received will be taken into consideration by The Highland Council when finalising and implementing the revised Gaelic Language Plan.

Gaelic Pupil Voice Project

The Highland Council has developed this Teacher Guidance document to aid teachers in gathering Pupil Voice in relation to Gaelic . Pupils are invited to brainstorm ideas for projects which could (i) Increase the Use of Gaelic and (ii) Increase the Learning of Gaelic. Pupils will then rank their projects in order of what is both relevant and important to them. The Gaelic Team welcome, and are looking forward to, receiving contributions from Highland pupils. Their voice and opinions will then be included in the public consultation on the draft Gaelic Language Plan 2023-2028.

What this guidance document contains

- Background information on Service-Learning
- Discussion points as preparatory work for pupils
- Instructions for carrying out the exercise
- Instructions for how to submit their Pupil Voice
- Examples of completed sheets
- Templates for pupils to use when completing the exercise

Curriculum links

Developing the Young workforce: Creativity; Teamwork; Communication; Thinking

United Nation's Convention on the Rights of the Child - Rights Respecting Schools



The Highland Council: draft Gaelic Language Plan 2023-2028

Gaelic Pupil Voice Project - Teacher Guidance Document

Objectives:

- Pupils will learn about the work The Highland Council does to further Gaelic usage and learning.
- Pupils will apply what they learn about Service Learning to choose and plan their own Gaelic Pupil Voice Project.

Target age: Primary 4 - S6

Key topics: Service learning; Gaelic Pupil Voice

Skills: Critical thinking; Active Listening; Group decision-making

Websites: servelearnconnect.uky.edu/what-service-learning-and-civic-engagement-0

Materials: Pens and Paper

Preparation

Discuss

Discuss with the pupils ways that they can work together to make a difference in their community to:

1. Increase the use of Gaelic
2. Increase the learning of Gaelic

Outcomes for Pupils

- Successful learners
- Confident individuals
- Responsible citizens
- Effective contributors

Ask

In what ways can you create a project that will benefit Gaelic?

Explain

Explain that good service-learning projects are designed to satisfy the needs of the community. This project will use Pupil Voice to help The Highland Council learn what our pupils think is important for Gaelic within their communities. For example:

- Could they be creating Gaelic clubs where they use Gaelic?
- Are there ways they can think of that can support Gaelic in their communities?

The Actions

- 1** Have the pupils brainstorm Gaelic project ideas. Divide the pupils into 2 groups. One group will come up with Gaelic projects which will (i) increase the USE of Gaelic and the other will brainstorm ideas which will (ii) increase the LEARNING of Gaelic.
- 2** When all ideas have been shared and noted, ask pupils to rank on a scale from 1 to 10 how urgent and important the need is by writing down a number next to each option. For example, if there is no urgent need for a Gaelic club, they might score it a 3.
- 3** Ask pupils to share how many points each option received. Review the options with the highest scores and have the pupils discuss the pros and cons of each option. Ask them to consider which ones will make a difference to Gaelic usage and increase the learning of Gaelic. Ask pupils to share their highest-scoring project.

Final Step

Ask the pupils to share their learning and choices of their projects for increasing the use of Gaelic and learning of Gaelic. This can be in any format they choose. For example, Google Doc, mind-map, flow chart, vlog, poster, etc.

The students can then submit their views to The Highland Council's public consultation on the draft Gaelic Language Plan by emailing their shortlist of project options and/or their final project choice to glp@highland.gov.uk by the 21st of April 2023.

Thank you very much for contributing to The Highland Council's public consultation on their draft Gaelic Language Plan. The views of pupils are very important to The Highland Council and we appreciate the time you have taken to compile these.

Mòran taing!

A' Cur ri Cleachdadh na Gàidhlig (Eisimpleir)

An urrainn dhuibh smaoineachadh air dòighean sam bith gus cur ri Cleachdadh na Gàidhlig? Dèanaibh liosta de na smuaintean agaibh gu h-ìosal:

Smuain Pròiseict	(Sgòr a-mach à 10)
Dèan postairean mu na buannachdan a tha an lùib Gàidhliga bhith agad. Croch iad ann am bùithtean ionadail.	5
Tòisich pròiseact Gàidhlig airson nam meadhanan sòisealta.	9
Cuir air dòigh Cafaidh Coimhearsnachd Gàidhlig.	6
Cuir air dòigh club camanachd Gàidhlig.	9

Notaichean

Faodaidh sgoilearan an smuaintean a chlàradh an seo.

A' Cur ri Cleachdadh na Gàidhlig

An urrainn dhuibh smaoineachadh air dòighean sam bith gus cur ri Cleachdadh na Gàidhlig? Dèanaibh liosta de na smuaintean agaibh gu h-ìosal:

Smuain Pròiseict	(Sgòr a-mach à 10)

Notaichean

Faodaidh sgoilearan an smuaintean a chlàradh an seo.

Comhairle na Gàidhealtachd: Dreachd Plana Gàidhlig 2023-28
Duilleag Dian-bheachdachaidh - A' Cur ri Ionnsachadh na Gàidhlig

A' Cur ri Ionnsachadh na Gàidhlig (Eisimpleir)

An urrainn dhuibh smaoineachadh air dòighean sam bith gus cur ri ionnsachadh na Gàidhlig? Dèanaibh liosta de na smuaintean agaibh gu h-ìosal:

Smuain Pròiseict	(Sgòr a-mach à 10)
Tòisich club leabhair Gàidhlig.	4
Cuir air dòigh cuairtean gu Oifis Turasachd ionadail gus abairtean Gàidhlig ionnsachadh dhaibh airson 's gun urrainn dhaibhsan an uair sin an ionnsachadh dhan luchd-turais.	7
Sgrìobh litrichean gu luchd-poilitigs gus am bi barrachd leabhraichean Gàidhlig ann do chloinn le dyslexia.	9

Notaichean

Faodaidh sgoilearan an smuaintean a chlàradh an seo.

A' Cur ri Ionnsachadh na Gàidhlig

An urrainn dhuibh smaoineachadh air dòighean sam bith gus cur ri ionnsachadh na Gàidhlig? Dèanaibh liosta de na smuaintean agaibh gu h-ìosal:

Smuain Pròiseict	(Sgòr a-mach à 10)

Notaichean

Faodaidh sgoilearan an smuaintean a chlàradh an seo.

The Highland Council: draft Gaelic Language Plan 2023-2028
Brainstorming Page - Increasing the Use of Gaelic

Increasing the Use of Gaelic (Example)

Can you think of any ways to increase the Use of Gaelic? List your ideas below:

Project Idea	Score (out of 10)
Make posters about the benefits of being able to speak Gaelic. Hang these in local shops.	5
Start a Gaelic social media project.	9
Set up a Gaelic Community Cafe.	6
Set up a Gaelic shinty club.	9

Notes

Pupils can record their thoughts in this section.

The Highland Council: draft Gaelic Language Plan 2023-2028
Brainstorming Page - Increasing the Use of Gaelic

Increasing the Use of Gaelic

Can you think of any ways to increase the Use of Gaelic? List your ideas below:

Project Idea	Score (out of 10)

Notes

The Highland Council: draft Gaelic Language Plan 2023-2028
Brainstorming Page - Increasing the Learning of Gaelic

Increasing the Learning of Gaelic

Can you think of any ways to increase the Learning of Gaelic? List your ideas below:

Project Idea	Score (out of 10)

Notes

Eisimpleir de na dh'fhaodadh na sgoilearan a chur a-steach

'S e am pròiseact a thagh sinn:

Google Doc le abairtean Gàidhlig a' buntainn ri siubhal a chruthachadh. Faodaidh daoine an sgrìobhainn a luchdachadh agus tìodhlac airgid a thoirt dhan sgoil air a shon.



Example of what the pupils might submit

Our chosen project is:

To create a Google Doc of Gaelic phrases about travel. People can download the document and can give a donation to the school in return.

